



Dealbh de Shomhairle duilleag 2»



A' togail glainne don Mhòd duilleag 7»



Dè a th'anns an "Dandoori" duilleag 10»

TOG FEAR AN-DIUGH AN ASGAIDH

www.an-gaidheal-ur.co.uk

AN ASGAIDH!

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

An Cèitean 2008
www.an-gaidheal-ur.co.uk
Fon: 01851 706877
Facs: 01851 706467
Àireamh 126

Costa na Gàidhealtachd – Hawaii ùr

Tha làn-choltas ann gum bi barrachd is barrachd de luchd-surfaidh an t-saoghail a' stiùireadh cùrsa air Gàidhealtachd na h-Alba gus tuinn mhiorbhaileach na sgìre a mharcachd. Tha an spòrs a' sìor fhàs cumanta ann an ceann a tuath na h-Alba leis na tha ann de stuaghan cumhachdach is cladaichean freagarrach.

O chionn trì seachdainean chaidh an fharpais chliùiteach "O' Neill Highland Open" a chumail ann an Inbhir Theòrsa agus, a-rithist, bha e air leth soirbheachail, le cuid den fheadhainn as cliùitiche san t-saoghal a' gabhail pàirt.

Bidh mòran dhen luchd-spòrs tric a' cruinneachadh ann an Tìrìodh cuideachd agus tha barrachd is barrachd ris ann an Leòdhas.

Agus a rèir choltas 's ann nas bitheanta fhathast a dh'fhàsas an spòrs anns a' Ghàidhealtachd o seo a-mach agus luchd an spòrs daonnan a' sireadh àitichean ùra airson na sgìlean aca fheuchainn.

Bidh buannachdan mòra an lùib seo a thaobh cliù na sgìre a thogail air feadh an t-saoghail agus a thaobh turasachd, leis an dòchas gum bi a' Ghàidhealtachd air a h-aithneachadh san aon dòigh 's a tha Bondi Beach ann an Astràilia no fiù 's Hawaii — dìreach beagan nas fhuaire.

Thuir Karen Walton bho Chomann Surfaidh Bhreatainn: "Chan eil teagamh sam bith ann gu bheil a' Ghàidhealtachd sònraichte airson surfadh agus dh'fhaodadh fada a bharrachd tachairt ann. Bhiodh e an urra, ged-tà, ri grunn rudan, mar eisimpleir dè cho goireasach 's a tha an t-àite."

"Tha fiù 's Inbhir Theòrsa fhèin gu math duilich faighinn thuige ma tha thu a' siubhal bho thaobh eile an t-saoghail. Tha fios a'm cuideachd nach fhaod thu bòrd-surfaidh a thoirt air plèanaichean BA agus dh'fhaodadh sin a bhith na thrioblaid son siubhail gu eileanan. Ach, gun teagamh sam bith, dh'fhaodadh a' Ghàidhealtachd a bhith air leth



SEALLADH GÀIDHEALACH?: Dh'fhaodadh nach eil an aimsir cho math ri leitheid Hawaii ach tha na stuaghan cho math ri gin san t-saoghail

cliùiteach a thaobh surfaidh."

Thuir Sunny Garcia, a shiubhal bho Hawaii gus pàirt a ghabhail anns an fharpais Ghàidhealaich trì seachdainean air ais: "Tha e mar gum bithinn aig an taigh an seo. Tha an t-uisge ann an-còmhnaidh ann an Hawaii cuideachd. 'S e an t-aon eadar-dhealachadh cho fuar 's a tha e." A rèir buidheann turasachd na h-

Alba, VisitScotland, tha an fharpais ann an Inbhir Theòrsa na fhìor eisimpleir air an t-seòrsa rud a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' cur na Gàidhealtachd fa chomhair an t-saoghail mhòir.

Leis gu bheil seallaidhean miorbhaileach is monaidhean brèagha anns an sgìre tha cothrom againn an sealltainn do dhaoine a tha gu mòr airson a bhith an sàs ann an spòrs neo-àbhaisteach — mar falbh air baidhsagal sna beanntan agus surfadh fhèin.

Thuir stiùiriche margaidheachd na buidhne anns a' Ghàidhealtachd Ben Thornburn: "Mar a tha an comann ag

ràdh tha na tuinn aig an fharpais ann an Inbhir Theòrsa air cuid dhen fheadhainn as fheàrr san t-saoghal agus tha iad a' tìladh cuid den luchd-surfaidh as cliùitiche a th' ann. Tha àitichean math eile timcheall costa Mhoireibh a tha nas fhreagarraiche dhan fheadhainn a tha air ùr ionnsachadh.

"San fharsaingeachd, ge-tà, bu chòir dhuinn togail air a' chliù a tha aig Inbhir Theòrsa mar dheagh eisimpleir air na tha aig a' Ghàidhealtachd ri thabhan dha luchd-surfaidh an t-saoghail agus an cothrom a thoirt dhaibh feum a dhèanamh dhen àrainneachd shònraichte againn."

Fèis ùr a' togail air beothalachd ann an saoghal an litreachais

Thèid fèis ùr litreachais a chur air chois ann an Glaschu air an ath-sheachdain a thathar an dòchas a bhios na phrìomh thachartas Gàidhlig.

Tha "Leabhar is Craic" ag amas air togail air na h-adhartasan mòra a tha air tighinn air saoghal litreachais na Gàidhlig anns na beagan bhliadhnachan a dh'fhalbh, le mòran nobhailean ùra a' nochdadh san t-sreath "Ùr-sgeul".

Am measg na bhios ri fhaighinn aig an fhèis fhèin bidh cuid de dh'òrain an t-seinneadair ainmeil Bob Dylan agus iad air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

B' e am bàrd Roddy Gorman a thug cruth ùr air faclan brioghmhor is ceòlmhor Dylan agus bidh an t-ùghdar fhèin an làthair gus cuid den bhàrdachd aige a leughadh.

Leanaidh an fhèis fad an latha Disathairne 24 Cèitean agus i ga cumail anns an ionad 'Centre for Contemporary Arts' faisg air meadhan a' bhaile. Cosgaidh ticeadan £12.

Bithear cuideachd a' taisbeanadh leabhair ùr leis an sgrìobhaiche Leòdhasach Fionnlagh MacLeòid. 'S e cruinneachadh de sgeulachdan goirid a th' ann an "Dìomhanas" a tha air a sgrìobhadh ann an "cainnt bhrioghmhor, sgaitheach, shiùbhlaich".

Tha an fhèis "Leabhar is Craic" a' leantainn na h-iomairt soirbheachail "Ceòl is Craic" a tha ag amas air ceòl is dualchas na Gàidhlig a bhrosnachadh sa bhaile, gu sònraichte tro obair ealain.

Thuir Iain Dòmhnallach bho Chomhairle nan Leabhraichean: "Tha e na thlachd dhuinne cothrom a thoirt dha daoine eòlas fhaighinn air an raon fharsaing de litreachas Gàidhlig a tha ri fhaighinn, gu h-àraidh na tha air fhoillseachadh a cheana de dh'obair bàrdachd is ficsean."

A thuilleadh air Mgr MacLeòid is Roddy Gorman bidh an mòran dhaoine eile an làthair, a' bhana-bhàrd Anne Frater, an seinneadair Griogair Labhraidh, an t-ùghdar Màrtainn Mac an t-Saoir, am bàrd Aonghas MacNeacail agus an sgrìobhaiche Tormod MacGill-Eain nam measg.



Roddy Gorman

Iarrrtas a-nis airson sgoil Ghàidhlig ann am Port Rìgh

Thathar an dòchas bun-sgoil Ghàidhlig a chruthachadh ann am Port Rìgh an dèidh iarrrtas nochdadh bho phàrantan na sgìre.

Thèid buidheann ùr de Chomann nam Pàrant a stèidheachadh a-nis a chuireas molaidhean sònraichte air adhart. Tha seo a' tighinn an dèidh coinneimh poblach o chionn ghoirid.

Bhruidhinn Màiri Nic Ille

Bhreatanaich, neach-gairm Comann nam Pàrant Ghlaschu, aig a' choinneimh agus dh'in-nis i do chruinneachadh de phàrantan mar a tha àireamh nan sgoilearan Gàidhlig anns a' bhaile air dùblachadh taobh a-staigh seachd bliadhna bho chaidh an sgoil ùr a stèidheachadh.

Mhol i cuideachd gum bu chòir do na pàrantan iad fhèin an iomairt a ghabhail os làimh,

oir as aonais iarrrtais mhòir bho phàrantan, thuir i, cha tig mòran leasachaidhean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Thuir Comhairle na Gàidhealtachd gu bheil iad ag iarraidh dà sgoil Ghàidhlig ùr a chruthachadh anns an sgìre ro 2011.

Ach, 's dòcha nach biodh seo ro fhurasta, oir nuair a dh'fheuch iad ri sgoil Ghàidhlig

a chruthachadh ann an Slèite — far a bheil a' cholaiste Ghàidhlig Sabhal Mòr Ostaig — cha d' fhuair iad air sin a dhèanamh oir sheas cuid de na pàrantan, agus comhairlichean, nan aghaidh.

Tha an comhairliche Hamish Friseal, cathraiche Comataidh Gàidhlig na comhairle, gu mòr airson sgoiltean Gàidhlig fa leth agus thuir e gum bu chòir gun

tèid beachdachadh a dhèanamh air àrd-sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh ann am Port Rìgh cuideachd.

Thuir Art Carraig, aon de na pàrantan: "Bha sinn gu mòr air ar brosnachadh cluinntinn bho na comhairlichean gu bheil an doras fosgailte agus tha sinn gu mòr a' cur fàilte air an taic airson sgoil Ghàidhlig ann am Port Rìgh."

3»



www.an-gaidheal-ur.co.uk

Gheibhear An Gàidheal Ùr air an eadar-lìon

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid
murray@an-gaidheal-ur.co.uk



Seòladh

Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Dihaoine 16 Cèitean

An t-Òban – Thèid consart a chumail le Session A9 air an oidhche seo ann an Corran Halls san Òban bho 7.30f. Gheibhear ticeadan air 01631 567 333.

Disathairne - 17 Cèitean

Ceann Loch Chille Chiarain – Thèid cèilidh a chumail air an oidhche seo ann an Talla Victoria, ann an Campbeltown le Skerryvore. Cosgaidh ticeadan £12.50. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01586 820 324.

Dimàirt 20 Cèitean

Baile Chloichrig – Thèid cuirm-ciùil a chumail ann an Talla Baile Chloichrig le Duncan Chisholm agus Ivan Drever bho 8f. Cosgaidh ticeadan £12.50. Gheibhear ticeadan agus fiosrachaidh sam bith air 01796 484 626 no boxoffice@pitlochry.org.uk

Dihaoine 23 Cèitean

Steòrnabhagh – Thèid cuirm fìdhearan a chumail ann an Steòrnabhagh air an oidhche seo. Tòisichidh Fiddle Rendezvous aig 8f anns an Lanntair, còmhlan le Bruce Molsky, Màiri Anna Cheannadach, Gerry O' Connor & Gilles le Bigot, Mike & Ali Vass. Cosgaidh ticeadan £12 / £10. Gheibhear ticeadan agus tuilleadh fiosrachaidh air 01851 703 307 no info@lanntair.com

Diciadain 28 Cèitean

Port Rìgh – Thèid cuirm-ciùil a chumail air an oidhche seo ann an Ionad Àros bho 7.30f. Cosgaidh ticeadan £12 / £10 agus gheibhear iad air 01478 613 649 no aros@aros.co.uk.

Dihaoine 30 Cèitean

An Eaglais Bhreac – Thèid cèilidh a chumail air an oidhche seo ann an Ionad Choinhearsnachd Greenpark bho 7.30f le Còmhlan Gary Innes, Sineag Nic an t-Saoir, Fiona Dunn, Lyle Ceannadach agus mòran eile. Cosgaidh ticeadan £8. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.mod2008falkirk.org.

Diardaoin 5 Ògmhios

An Eaglais Bhreac – Thèid cuirm-ciùil traidiseanta a chumail air an oidhche seo, Ceòl na h-Alba, ann an Talla-baile na h-Eaglaise Brice bho 7f. Bidh còmhlan Cèilidh Graeme High, Còmhlan Òigridh na h-Eaglaise Brice, Red Hot Chili Pipers, Skerryvore, Box Club, James Graham agus mòran eile a' gabhail pàirt. Cosgaidh ticeadan £5 / 3. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01324 506 850.

Dihaoine 20mh agus Disathairne 21 Ògmhios

Glaschu – Thèid Mòd Ionadail Ghlaschu a chumail air na làithean seo ann an Glaschu. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Eila Handyside air 01475 676 202.

'S truagh am meas a th' againn air ar dualchas fhèin



Le Joy Dunlop

Bha mi ann an talla poblach san Òban o chionn ghoirid ro fharpais chòisrean agus fhad 's a thog sinn ar guthan, tharraing rudeigin m'aire a bha diofraichte bhon àbhaist. Thèid an t-àite ud a chleachdadh le cròileagan agus sgoil-àraich 's bha na ballachan uile air an sgeadachadh le dealbhan dathach, brèagha a bha air am peantadh leis a' chloinn. Mu choinneamh gach deilbh chithear mineachadh beag agus mhothaich mi an uair sin gun robh faclan air gach rud san t-seòmar ag innse de bh'annta. Chan eil seo no-àbhaisteach leis fhèin ach bha e coltach gun robh na soighnichean 's am fiosrachadh uile dà-chànanach. Nach math sin, shaoil mi rium fhìn, gu bheil iad a' feuchainn ri Gàidhlig a bhrosnachadh gu poblach! Ach nuair a thug mi sùil orra a-rithist chunnaic mi nach b' e "door/doras" a bha sgrìobhte ach "door/drzwi", faclan Gàidhlig nach fhaca mi fhìn a-

riamh.

Mar a shaoilear cha b' e Gàidhlig a bh' ann ach Pòlais agus feumaidh mi aideachadh gun do dh'fhàg e mi le faireachdainn neònach. Ged a tha fios agam gu bheil bùth Phòlais againn sa bhaile 's gu bheil an t-uamhas bhon dùthaich ud mun cuairt, bha beagan dragh orm mu na soighnichean. Cha b' e idir gun robh Pòlais ri fhaicinn a dh'adhbharaich seo ged-thà ach nach robh sgeul air a' Ghàidhlig ann an àite sam bith. Chan eil dad agam an aghaidh cànan eile a bhrosnachadh ann an Alba ach nach bu chòir dhuinn ar cànan nàdarraich a chleachdadh an toiseach 's cànan eile às a' deidh?

Ged a bha seo na iongnadh dhomh tha mi air mothachadh gu bheil cuid san sgìre nach aontaicheadh rium air a' chuspair seo. Ged as e sgìre Ghàidhealach a th' ann an Earra-Ghàidheal tha ùpraid uabhasach air a bhith ann bhon nochd na soighnichean dà-chànanach. Cha deach seachdain seachad às aonais litir ann an Times an Òbain gan càineadh gu dubh agus, ged a nochd sgeulachd a bha caran eibhinn, gu sònraichte an tè mun bhaile a ghluais - mas fhìor - dà mhìle anns a' Ghàidhlig, dh'fhàs mi sgìth de na gearainean seo gu luath. 'S ann on uair sin a thàinig mi chun a' cho-dhùnaidh gu bheil barrachd spèis aig muinntir an t-saoghail do chànan 's do chultar na h-Alba na th' aig muinntir na dùthcha seo.

Chaidh seo a dhearbhadh gu soilleir dhomh nuair a chuir mi beagan làithean seachad sa Bhruisear o chionn ghoirid. B' ann aig tachartas eireachdail, oifigeil airson biadh agus cultar na h-Alba a chomharrachadh a bha mi agus bha e follaiseach gun deach ullachadh 's oidhirp mhòr a dhèanamh air a shon. Dh'ith sinn feòil nàdarraich Albannach 's deagh bhìadh mara agus chuala sinn òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta leis an dinnear. Chaidh crìoch a chur air an oidhche le cèilidh mòr, beothail far an do ghluais sinn gu sgiobalta ann an strip the willow agus chaidh Auld Lang Syne a sheinn aig deireadh na h-oidhche. Bha sàr chèilidh againn gun teagamh agus ged a chòrd e ris na h-Albannaich a bha an làthair, b' e beachdan nan daoine bho dhùthchannan eile a b' inntinniche dhomh. Chaidh a ràdh rium iomadh turas nach robh oidhche na b' fheàrr a-riamh aca air sgàth 's cho cumhachdach 's a tha cànan is cultar na h-Alba. Bha e follaiseach gun do chuir iad luach anns a h-uile nì — ar cànan, ar cultar 's ar biadh, faireachdainn nach robh cho làidir am measg muinntir na dùthcha seo.

Ged a bha na smuaintean aca inntinneach a chluinntinn thug e orm faighneachd dhomh fhìn carson nach eil an aon suim againn dhar dualchas fhèin? Mar shluagh tha sinn buailteach cur sìos oirne fhìn gu nàdarraich agus nàire a

bhith oirne mu ar deidhinn. Tha caraidean agam bhon Ghàidheal-tachd nach aidich gur ann a' sgìre iomallach a tha iad air sgàth 's gu bheil beachd aca nach eil e fasanta. 'S aithne dhomh luchd-ciùil traidiseanta mìorbhaileach a tha den bheachd nach eil iad cho math ri cluicheadairean clasaigeach. Dè cho tric 's a chluinneas Gàidheil a' bruidhinn Beurla ann an àiteachan poblach air sgàth 's nach eil iad cofhurtaile a bhith a' bhruidhinn Gàidhlig air beulaibh dhaoine eile? 'S e dòighean-smaoineachaidh truagh a tha seo gun teagamh ach ciamar a dh'atharraicheas sinn an droch shuidheachadh seo?

Chanainn gu bheil e a' tilleadh a-rithist 's a-rithist gu pròis, agus nach eil gu leòr dhith againn annainn fhìn. Chan eil sinn deiseil no deònach seasamh air ar casan deiridh 's innse dhan t-saoghal mhòr cho beartach 's a tha sinn gu cultarach agus, nas miosa buileach, nach bochd gu bheil sinn ro dhiùid airson an suidheachadh againn atharrachadh. Mura dèan sinn rudeigin a dh'aithghearr tha amharas orm gum bi Alba coltach ris a' bhalla ud, brèagha agus inntinneach ach gun sgeul air na freumhan againn. Mar a chanas iad sa Bheurla, chan eil fios agad air na th' agad gus nach eil e ann, agus nach truagh a dh'fhàgadh sin sinn uile.

Tiodhlac gu bhith na dhèileab dhan cholaiste

Chaidh dealbh de shàr-bhàrd na Gàidhlig, Somhairle MacGill-Eain, a thoirt do Shabhal Mòr Ostaig airson a bhith mar phàirt de stòras ealain na colaiste.

Chaidh an dealbh a dhèanamh le Peadar Howson mar phàirt de shreath telebhisein mu nua-bhàird na h-Alba a chaidh a dhèanamh le STV grunn bhliadhnaichean air ais.

Thug am Morair Dòmhnallach, a bha na cheannard air a' chompanaidh telebhisein aig an àm, an dealbh seachad aig dinnear shònraichte.

Thuir stùiriche na colaiste, an t-Àrd Ollamh Tormod MacGilliosa: "B e aon de phrìomh bhàird na 20mh linne a bh' ann an Somhairle MacGill-Eain agus thug e buaidh làidir agus brosnachail air litreachas eadar-nàiseanta. Bha cànan is cultar na Gàidhlig an teis-meadhan a lèirsinn eadar-nàiseanta.

"Bheir Somhairle brosnachadh-inntinn do na Gàidheil gu bràth agus leis

gun robh e uaireigin na sgrìobhaiche aig Sabhal Mòr Ostaig, tha spèis mhòr aig muinntir na colaiste dha."

Agus thuir Donaidh Rothach, stiùiriche leasachaidh an t-Sabhail Mhòir agus Cathraiche Buidheann nan Ealain Lèirsinnich: "Tha an tiodhlac coibhneil seo gu sònraichte iomchaidh ann a bhith a fighe ri chèile dà rud cudromach nar dìleib chultarail - ealain litreachail agus ealain lèirsinneach. 'S e neach-ealain le cliù eadar-nàiseanta a th' ann am Peter Howson agus cuiridh am pìos seo gu mòr ris an iomairt airson stòras de dh'ealain lèirsinnich a bhith an seo aig an t-Sabhal Mhòr."

Stiùiriche na colaiste Tormod MacGilliosa a' faighinn an dealbh bhon Mhòrair Dhòmhnallach



Oidhirp sònraichte airson a' chànan ann an Àrd-sgoil Lasswade

le Seumas Foirbeis, neach-teagaisg

Gach dàrna bliadhna, ann an Àrd-sgoil Lasswade bidh sinn a' cur a' chlàr-ama àbhaisteach gu aon taobh fad seachdain aig deireadh an Òg-mhios agus a' tabhann gnìomhan eadar-dhealaichte do na sgoilearan mar dhuais.

Bhuail e orm gun robh tòrr de na gnìomhan seo a' gabhail a-steach roinnean ionnsachaidh ùra leithid obair-crèadah, ealain gaisgeanta no marcachd. Bha mi a' beachdachadh an dùil am biodh ùidh aig sgoilearan sam bith ann a bhith ag ionnsachadh beagan Gàidhlig.

Bhiodh e ro thioram dhaibh mise a bhith a' teagasg na Gàidhlig; ro choltach ri clas-sgoile. Bhuail e orm gum biodh leasan Ghàidhlig tòrr mòr na bu tharraingich nam biodh iad air an teagasg le Gàidheil air a' Ghàidhealtachd. Cha bhiodh

leasan cànan a bhiodh a' dol fad an latha freagarrach do sgoilearan a bhiodh sgìth an deidh bliadhna thrang de ionnsachadh, agus bha e nam bheachd gum faodadh na sgoilearan cuideachd a bhith a' dol air cuairtean agus a bhith a' faighinn eòlas air cultar na Gàidhlig agus cultar nan Ceilteach air an fheasgar.

Cho fad 's a bha fios agam, b' e seo a' chiad turas a shiubhail sgoilearan bho sgoil air a' Ghalltachd gun iad a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a cheana, gu bhith a' dol air turas taobh a-staigh na dùthcha aca fhèin gus ionnsachadh mu chànan agus cultar air nach eil mòran Albannaich eòlach.

Nochd Sabhal Mòr Ostaig, a' Cholaiste Ghàidhlig san t-Eilean Sgitheanach, ùidh mhòr ann a bhith a' libhrigeadh cùrsa mar seo. Bha sinn a' moladh gun deigheadh fichead sgoilear agus

dà thidsear ann. Ged a bha an t-uabhas ùidh ann bho inbhich, bha e uabhasach duilich dhomh seo a reic ri deugairean. Cuideachd, cha b' urrainn do sgoilearan bho theaghlachan bochda fiùs smaoineachadh air an turas seo, eadhoin ged a bhiodh ùidh aca ann. Dh'fheuch sinn dhà na trì thursan ris a' phròiseact fhaighinn a dhol ach cha b' urrainn dhuinn gu leòr fhaighinn aig an robh ùidh ann. B' fheudar dhuinn a' bheachd seo a chur gu aon taobh ach bhrosnaich luchd-rìanachd na sgoile mi feuchainn aon turas eile.

Bha mi a' faireachdainn gu làidir nach bu chòir do sgoilearan bho theaghlachan bochda, 's dòcha nach fhaigheadh làithean-saora idir ann an suidheachadh àbhaisteach, an cothrom seo a chall. Fhuair mi a-mach air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig gur dòcha gun robh e

comasach taic-airgid fhaighinn bhon Chrannchur Nàiseanta, gu h-àraidh do dhaoine òga fo chòig bliadhna fichead agus cuideachd airson pròiseactan a chuidicheadh iad ionnsachadh mun dualchas aca fhèin agus aig daoine eile. An deidh fios a chur gu buidhnean co-cheangailte ris a' chrannchur airson a bhith cinnteach gum biodh iarrtas gu a leithid sin de bhuidheann freagarrach, chuir Àrd-sgoil Lasswade a-steach iarrtas ged nach robh iad ro chinnteach mu dheidhinn. Bhiodh sinn air a bhith uabhasach taingeil rud sam bith fhaighinn, ach cha robh dùil againn ri càil.

Leis an deastanas a tha air airgead poblach a dhion, chaidh 'Awards for All' tron iarrtas gu mionaideach gus dèanamh cinnteach gun robh an t-iarrtas ceart agus thill iad am foirm thugainn an toiseach le mìneachadh feumail a' sealltainn nithean a bha dà-sheaghach. An deidh a chur a-steach a-rithist, thàinig litir oich seachdainean an deidh sin a' ràdh gun robh 'Awards for All' a' Chrannchur Nàiseanta air £5000 a cheadachadh dhan sgoil. Leig seo dhuinn pàigheadh airson a h-uile càil - teagasg,

àiteachan-fuirich, biadh, siubhal agus tursan a-muigh. Bha seo a' ciallachadh nach biodh sgoilear sam bith air fhàgail a-mach air sgàth trioblaidean airgid.

An deidh an airgead fhaighinn, bha na h-àitean air an turas air an lìonadh an ceann dà latha agus cha robh e fada gus an robh mi air an t-slighe dhan Eilean Sgitheanach airson cùisean a chur air dhòigh le Sabhal Mòr Ostaig.

Nuair a thachras an turas seo san Òg-mhios 2008, gabhaidh na sgoilearan pàirt ann am prògram slàn de leasan Ghàidhlig gach madainn. Gach feasgair, thèid iad air turais a-mach gu Ionad Chlann Dòmhnail, taigh-staile Thalaigeir, Trondairmis agus Taigh-tasgaidh an Dòigh-beatha Ghàidhealach agus cuideachd turas gu na bùitheatan am Port Rìgh.

Gach fhionnaraidh cuiridh na sgoilearan eòlas air cultar Ceilteach agus Gàidhealach le leasan ann an dan-sa ceum agus ionnsramaidean Ceilteach. Tha Bòrd na Gàidhlig air £1000 a thoirt seachad gus cèilidh a chumail an lùib àrd-sgoil bhon Ghàidhealtachd gus cothrom a thoirt do dheugairean Lasswade coinneachadh ri Gàid-

heil den aois aca fhèin. Thig Rosemary Nic a' Bhàird Ward, Oifigeir Foghlam Bhòrd na Gàidhlig, a bhruidhinn riutha mu cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a chumail a' dol agus a leasachadh.

Ged nach e ceum mhòr a tha seo ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig, bu chaoimh leam sgoiltean eile fhaicinn a' dol air turas mar seo agus bhithinn toilichte comhairle a thoirt dhaibh. Bhrosnaichinn duine sam bith aig a bheil beachd inntinneach a dhol às deidh taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta ma tha sin iomchaidh. Aig deireadh an latha, tha mi airson 's gum bi beachd mhath aig na sgoilearan agam air a' Ghàidhlig. Chan eil mi smaoineachadh gun ionnsaich iad uile an cànan agus gum bi iad uile fileanta; chan eil mi smaoineachadh gun cur iad an cuid chloinne gu sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig san àm ri teachd. Ach, nuair a tha iad air fas suas, nam biodh iad deònach bruidhinn a-mach às leth na Gàidhlig no mion-chultaran eile air a bheilear air m' amas a choileanadh.

Iarrtas a-nis airson sgoil Ghàidhlig ann am Port Rìgh



An coinneimh poblach ann am Pòrt Rìgh

“Fhuair sinn cuideachd fìor thogail bho na thuir Mairi Nic Ille Bhreataich agus mar a chaidh dhaibh ann an Glaschu agus cuideachd ann an Inbhir Nis, far an do dh’fhosgail sgoil Ghàidhlig a cheana. Dh’fhaoidte gum faic sinn àrdachadh anns an àireamh phàrantan a tha

taghadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dhan cuid chloinne.

“S e sgoiltean Ghàidhlig a-mhàin an t-slighe air adhart ma tha sinn airson an cothrom as fhearr a thoirt dhar cloinn fileantachd a ruighinn agus a ghlèidheadh, rud a tha riatanach ma tha an cànan gu bhith air a cleach-

dadh sa choimhearsnachd agus air a toirt do na ginealaich a tha ri thighinn.

“Tha sgoiltean mar seo, far nach eil ann ach an t-aon chànan, ann an dùthchannan eile far a bheil mion-chànanan fo chunnart agus feumaidh sinne sgoiltean Ghàidhlig ann an Alba airson dèanamh cinnteach gun

urrainn dhuinn na h-amasan mu choinneimh ath-bheothachadh a’ chànain a choileanadh.”

Dh’aontaich pàrantan coinneachadh a-rithist gus na planaichean a thoirt ceum air adhart agus cho-dhùin iad cuideachd beachdachadh a dhèanamh air àrd-sgoil Ghàidhlig.

Dòmhnall MacNèill air fhasadh mar oifigear ùr comhairle

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air manaidsear leasachaidh ùr fhasadh airson na Gàidhlig. ‘S esan Dòmhnall MacNèill.

Tha eòlas farsaing aig Mgr MacNèill air an roinn phoblaich agus na meadhanan agus e a-nis gu bhith an urra ri stiùireadh cùisean a’ chànain as leth na comhairle, gu h-àraidh a’ toirt air adhart a’ phlana leasachaidh aca.

Thogadh e ann an teaghlach Ghàidhlig ann an Inbhir Nis — ‘s e an seinneadair Fionnlagh MacNèill is athair dha — agus chaidh e a Bhun-sgoil a’ Chrùin agus Acadamaidh Allt na Muilne, mus deach e a dh’Oilthigh Ghlaschu.

Thug e deich bliadhna ag

obair sna meadhanan craolaidh — ann an rèidio agus telebhisean — agus bha a’ mhòr-chuid dhen obair aige sa Ghàidhlig.

On uair sin, fhuair e eòlas air obair leasachaidh san roinn phoblaich aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, a’ tòiseachadh aca mar oifigear mheadhanan ach mu dheireadh an urra ri poileasaidhean co-cheangailte ri còmhdaidh.

“Tha mi a’ coimhead air adhart gu mòr ri bhith a’ dol an sàs san obair seo,” thuir e. “Chan eil teagamh nach eil a’ Ghàidhlig cudromach dhan Ghàidhealtachd mar rud a tha ga dèanamh sònraichte. Tha i na pàirt bunaiteach de dhualchas na sgìre ach tha i cuideachd a’

cur gu mòr ri eaconamaidh is beatha na sgìre san latha a th’ ann. ‘S urrainn do Phlana Cànain na Comhairle inbhe a’ chànain a thogail anns na trì no ceithir bliadhna a tha romhainn.”

Chuir an comhairliche Hamish Friseal faithe air an dreuchd.

“Tha eachdraidh is eòlas aig Mgr MacNèill an dà chuid sna meadhanan agus san roinn phoblaich agus, mar sin, bidh e math airson am plana a chur air adhart as leth na comhairle,” thuir e.

“Gheibh e làn-thaic o Chomataidh na Gàidhlig agus o oifigearan na comhairle gus plana cothromach a chur an gnìomh. Le bhith a’ toirt na dreuchd seo do Mhgr MacNèill, tha e a’



Dòmhnall MacNèill

sealltainn rùn na comhairle a thaobh taic is brosnachadh a thoirt don chànan is do dhualchas na Gàidhealtachd, gu h-àraidh a thaobh foghlaim, ar n-òigridh agus ar choimhearsnachdan.”

A’ Chiadh Aonad Ghàidhlig an Gallaibh

Tha a’ chiadh Aonad Ghàidhlig gu bhith a’ fosgladh ann an Gallaibh san Lùnastal. Bidh e ann am Bun-sgoil na Peighinn ann an Inbhir Theòrsa, far a bheil àite gu leòr dhan aonad ùr.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-dràsta a’ sireadh neach-teagaisg dhan aonad agus tha dòchas gun cuirear cuideigin an dreuchd an ath mhìos.

Thèid sgoilearan air adhart gu Bun-sgoil na Peighinn an dèidh dhaibh a bhith san sgoil-àraich ann am Bun-sgoil Mount Pleasant, ann an Inbhir Theòrsa. Bidh an sgoil-àraich fhathast an sin.

Bha an Comhairliche Hamish Friseal, Cathraiche Comataidh Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, sa chathair aig coinneamh ann am Bun-sgoil na Peighinn oidhche Chìadain. Bha pàrantan agus luchd-obrach Cròileagan Inbhir Theòrsa an làthair agus, cuideachd, an Comhairliche Bill Fernie, Cathraiche Comataidh Fogh-

laim, Cultar is Spòrs na Comhairle, Hugh Fraser, Stiùiriche Foghlaim, Cultar is Spòrs agus Graham Nichols, Stiùiriche Sgìreil Foghlaim, Cultar is Spòrs.

Thuir e: “Chaidh a’ choinneamh a chumail gus bruidhinn air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an dèidh iarrtasan bho phàrantan. Bha naoinear phàrantan ag iarraidh seo agus chaidh rannsachadh a dhèanamh gus àite a lorg ann am bun-sgoil ann an Inbhir Theòrsa anns am biodh àite gu leòr san àm ri teachd cuideachd. Chaidh innse dha na pàrantan gu bheil a’ Chomhairle air an cùl agus gu bheil àite ann am Bun-sgoil na Peighinn.

“Tha mi toilichte mun seo agus tha mi dhen bheachd gur e ceum mòr a tha seo agus tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith a’ tilleadh ann an 2010 gus clan fhaicinn a’ gabhail pàirt sa Mhòd Rìoghail Nàiseanta.”



Hamish Friseal

Air chuairt tro

sgìre na Gàidhealtachd



Fònaichean poblach a’ falbh

Tha BT a’ moladh gun tèid faisg air dà cheud fòn poblach air a’ Ghàidhealtachd a thoirt air falbh air sgàth ‘s gu bheil uimhir de dhaoine a-nis a’ cleachdadh fònaichean-làimhe.

Tha an companaidh ag ràdh gu bheil an àireamh dhaoine a tha a’ cleachdadh nam fònaichean poblachd air tuiteam gu mòr anns na trì bliadhna a dh’fhalbh.

Tha iad a-nis air co-chomhairleachadh oifigeil a chur air chois airson beachdan dhaoine a thrusadh.

Tha cuid draghail mu na molaidhean oir tha sgìrean sa Ghàidhealtachd far nach eil e furasta

fònaichean-làimhe a chleachdadh.

Thuir neach-gairm Chomhairle na Gàidhealtachd, Sandy Park: “Ann an grunn àiteachan air a’ Ghàidhealtachd tha fònaichean poblach riatanach ann am beatha dhaoine. Chan eil fòn-làimhe aig a h-uile duine agus chan urrainn dhut fòn-làimhe a chleachdadh anns a h-uile àite air a’ Ghàidhealtachd.

“Tha sinn gu mòr airson beachdan dhaoine a chluinntinn air an seo agus cuiridh sinn na beachdan sin fa chomhair BT.”

Airgead a bharrachd do Eden Court

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ dol a thoirt £200,000 a bharrachd do Thaigh-cluiche Eden Court ann an Inbhir Nis gus leasachadh an togalach a chrìochnachadh.

‘S ann leis a’ chomhairle fhèin a tha an togalach agus thathar air a bhith an sàs anns an leasachadh fad iomadh bliadhna, ‘s e air a dhol seachad air an àm a bha còir aige a bhith deiseil.

Aon uair ‘s gum bi e ullamh thathar an dòchas gum bi e na ghoireas air leth airson ealain is ciùil ann am prìomh

bhaile na Gàidhealtachd.

Thuir neach-gairm na comhairle Sandy Park: “Tha an togalach ùr air a bhith soirbheachail ann an sùilean an t-sluaigh agus luchd-obrach proifeiseanta ‘s an togalach a’ tàladh barrachd luchd-èisteachd, a rèir àireamh sluaigh, na taigh-cluiche sam bith eile ann am Breatainn.

“Ann am com-pàirteachas leis a’ chomhairle tha e cuideachd a’ cur air adhart an iomairt foghlam ealain as motha anns an dùthaich.”

Carragh-cuimhne ga ghluasad

Thathas ag iarraidh air daoine beachdachadh air càite dham bu chòir carragh-cuimhne Ghàrrloch gluasad.

Thathar dhen beachd gum biodh e na b’ fheàrr làrach ùr fhaighinn air a shon oir tha a duilich faighinn thuige. Tha e ri taobh an rathaid mhòir agus feumar staidhre fhada a dhìreadh.

Chaidh an carragh-cuimhne a thogail le Maighstir Coinneach Mac-Coinnich agus a’ bhean, Marjory, mar chuimhneachan air a’ mhac aca, Ruairidh, a bha na leifteanant anns an Fhreiceadan Dubh, agus an trì fichead duine ‘s a trì às a’ bhaile a chaochail anns a’ Chiad Chogadh. Chaidh ain-

mean naoinear eile a chaochail anns an Dàrna Cogadh a chur ris a’ charragh cuideachd.

Thàinig an t-iarrtas airson a’ ghluasaid bho chomhairle coimhearsnachd a’ bhaile fhèin.

Thuir an comhairliche ionadail Richard Greene: “Tha mi fìor thoilichte gu bheil a’ chomhairle coimhearsnachd a’ faighinn a’ chothroim na beachdan aca airson leasachadh a chur air adhart agus tha sinn an dòchas gun soirbhich leotha anns an iomairt seo.”

Seanfhacal na mìos

Is minig a thàinig comhairle ghlic à ceann amadain

Uaireigin ann an iomadh àite bhiodh sinn a’ cluinntinn mu amadan-baile. Gu tric bha sin a’ ciallachadh gun robh cuideigin sa bhaile a bha eadar-dhealaichte bho chàch sa choimhearsnachd. Cha b’ e gun robh an duine gòrach, le dìth tuigse, ach gum biodh e an sàs ann an nithean nach robh a rèir ‘cleachdaidhean’ an àite dom buineadh e.

Chuala sinn mu dhaoine a bhiodh a’ siubhal na h-oidhche, agus a’ cur eagal am beatha air feadhainn a bhiodh a’ tachairt riutha, seach gun robh iad air am meas mar amadan. Chan aithnicheadh tu gur e amadan a bha ann an duine dìreach, le sealltainn ri a ghnùis, agus tha sin a togail na ceiste ach dè cho ciallach ‘s a tha sinn uile sa chumantas.

An seanfhacal, ma-tà, a tha co-dhiù dà fhille sa Ghàidhlig: “Is minig a thàinig comhairle ghlic à ceann amadain”. Tha seo a’ dearbhadh dhuinn nach robh an t-amadan gu tur gòrach! Chualas cuideachd am fìleadh eile: Is minig a bha comhairle rìgh an ceann amadain. Cha bhiodh e ciallach a ràdh gun robh rìghrean na dùthcha seo, no rìghrean eile an t-saoghail, gu tur glic!

Ach tilleamaid gu amadan an t-seanfhacail. Bha inntinn fhèin aig an amadan. Bha an inntinn sin a’ buileachadh smuaintean air, ged ‘s dòcha nach robh e gan cur an cèill an co-chòrdadh ri na bha am mòrshluagh a’ dùileachadh. Faodar am facal ‘amadain’ a chleachdadh mar chunntas air iomadh neach a ni rudeigin gòrach na beatha, ach chan eil sin a’ ciallachadh gu bheil dìth-cèille daonnan mar chuibhreann de a’ bheatha. Cò againn nach do rinn rudeigin gòrach rè ar turas air an talamh? Cò againn nach do ghabh aithreachas airson ar gòrach aig àm sònraichte nar beatha? Dh’fhaodte ‘amadain’ a ràdh rinn. Chan eil sin a’ ciallachadh nach tàinig comhairle ghlic bhuainn uaireigin. Is dòcha gun tàinig, seach gun robh sinn mothachail air ar gòrach.

Dòmhnall Iain MacIomhair

An Gàidheal Ùg

CEISTEAN CRUINN-EOLAIS

Tha na ceistean seo stèidhichte air an leabhar Ceanglaichean anns an t-sreath Bun-chruinn-eolas. Dh'fhaodadh na freagairtean airson a' chiad dhà a bhith rim faotainn cuideachd ann an leabhraichean eile cruinn-eolais neo ann an atlas.

Seo grunnan de bhailtean mòra Bhreatainn.

Beul Feirste
Birmingham
Bristol
Cardiff
Dun Eideann
Glaschu
Leeds
Lunnainn
Manchester
An Caisteal Nuadh
Southampton



Cuir a-nis ann an òrdugh iad anns na clàir gu h-ìosal:

A rèir Aireamh Sluaigh

Cuir am baile anns a bheil barrachd sluaigh aig a' mhullach, agus mar sin sìos, gus am bi am fear as lugha sluaigh aig a' bhonn.

Tuath gu Deas

Cuir iad a-nis an òrdugh, leis a' bhaile as fhaide tuath aig a' mhullach, agus mar sin sìos gus am bi am fear as fhaide deas aig a' bhonn.

Briathran agus brìgh

Dean ceangal eadar gach facal ann an colbh 1 agus na h-abairtean ann an colbh 2, airson mineachadh an fhacail. Tha a' chiad fhear air a dhèanamh.

	A	B	Ceangal
1	àiteachas	Dion air an àrainneachd	A1 + B10
2	àite dùmhail	Dùthaich le tòrr airgid, seirbhisean gu leòr agus dòigh-beatha math.	
3	àth-chuairteachadh	àrach mheasan, luibhean is fhùraichean	
4	blàthachadh cruinne	Sgudal a dachaighean 's gnìomhachas	
5	callaid	Fearann nach eil air obrachadh	
6	dùthaich leasaichte	Seann àitichean is thogalaichean anns a bheil ùidh aig daoine	
7	eas	Talamh a' sìneadh a-mach dhan mhuir	
8	fàsach	Uisge as an adhar le stuth ceimigeach bho chonnadh fosail	
9	gàirnealachd-margaid	Badhar is seirbhisean gan gluasad eadar dùthchannan	
10	glèidhteachas	A' cur bàrr 's ag àrach ainmhidhean	
11	imrich eadar-nàiseanta	Fuaim, salchar agus rudan millteach a tha daoine agus innealan a' dèanamh.	
12	làraich eachdraidheil	Carragh a-mach on chladach, air sgàth bleith	
13	malairt	Drisean is craobhan beaga eadar achaidhean	
14	otrachas	Far a bheil tòrr dhaoine a' fuireach	
15	rubha	Àite nach deach a leasachadh le daoine 's a tha fhathast ann an staid nàdarach	
16	staca	Blàthachadh air àile an t-saoghail le connadh fosail ga losgadh agus seo a' cur carbon dà-ogsaid ma's sgaoil	
17	stòras nàdarra	Daoine a' gluasad o dhùthaich gu dùthaich	
18	talamh bàn	A' cleachdan stuthan nàdarach as ùr	
19	truailleadh	Uisge a' tuiteam a nuas ann an àite cas	
20	Uisge searbhagach	Stuth amh anns an àrainneachd mar uisge, gual is ùir	

Còig de gach seòrsa

Nuair a dh'obraicheas tu a-mach na mineachaidhean ceart, feuch orra seo:

Sgrìobh sìos 5 eisimpleirean de:

1	Làraich eachdraidheil an Alba	
2	Làraich eachdraidheil san Roinn Eòrpa	
3	Dùthchannan leasaichte	

A' sporghail am measg naidheachdan na mìos



Cathaidh Màiri Nic a'Mhaoilein

Tha e duilich a chreidsinn gu bheil bliadhna a-nis bho chailleadh Madeleine McCann agus tha sinn a' faicinn a' pàrantan bochd a' nochdadh sna meadhanan a-rithist gus aire an t-saoghail a chumail air a' chaileig. Tha an cridheachan briste agus cha shlànaich an lot sin gus an till i agus cha toir iad thairis dòchas gu siorraidh. Chunnaic mi sa phàipear cuideachd

gu bheil an t-Urramach Kenny Dòmhnallach agus a bhean ag innse gu bheil dòchas acasan fhathast gu bheil Alison beò, agus sin an-dèidh 27 bliadhna bho chailleadh ise. Tha creideamh làidir aca gu bheil i beò agus gum faic iad fhathast i, dìreach mar a tha creideamh aig pàrantan Madeleine. Cuideachd anns na naidheachdan tha pàrantan Arlene Fraser, nach deach fhaicinn bho chionn deich bliadhna a-nis, ag iarraidh gum bi fios aca dè thachair dhi no càite an do chuir Nat Fraser, an duine aice, a corp. Cha bhiodh e nàdarach do phàrant a bhith aig sìth 's gun lorg aca air mar a thachair dhan phàist a chaidh a dhith.

Nach iongantach agus nach uabhasach a-rèist a chùis-eagail a thachair ann an Austria air a' mhìos seo. Tha e duilich a thuigsinn gun deach aig an duine sin a nighean a chumail 24 bliadhna fon taigh ann an seòmraichean dùinte, agus gum amharas sam bith aig a bhean gun robh càil neo-àbhaisteach na dhòigh-beatha. An dùil an robh màthair na h-ighne sin air dùil a thoirt thairis gum faiceadh i tuil-

leadh i? 'S iongantach mura h-eil pàrantan Madeleine agus gu ire fhathast, pàrantan Alison, a' toirt an dàrna sùil air gach nighean bheag àlainn bhàn no gach maighdean bhreagha le falt dualach, donn a chì iad. Chan eil mi fhìn idir a' tuigsinn ciamar nach do rinn màthair Elisabeth deagh oidhirp air a lorg nuair a nochd an triùir chloinne, agus an duin' aice a cheasnachadh ach càit an d' fhuair e lorg orra. Tha cuid a' cumail a-mach gun robh feagal oirre bhuaithe ach 's cinnteach gun robh i teagmhach.

Fhad 's a tha m' aire air a' chloinn, tha gluasad làidir a' tòiseachadh a-rithist anns an iomairt an aghaidh casg-breith. Anns an rioghachd seo, tha e ceadaichte san lagh casg-breith a dhèanamh gus am bi an leanabh sa bhroinn gu 24 seachdainean, ire aig am biodh e comasach dha fuireach beò nan deigheadh a bhreith. A rèir coltais tha an àireamh san dùthaich seo gu math nas àrde na dùthaich Eòrpach sam bith eile agus boireannaich a' dèanamh roghainn air casg-breith airson rud ris an canar

"adhbharan sòisealta" far nach eil dad ceàrr air a' phàiste ach dìreach nach eilear gan iarraidh. Tha e coltach gu bheil 200,000 casg-breith anns an dùthaich seo gach bliadhna. Tha sin fhèin do-chreidsinneach. Nach saoiladh sinn gu bheil e nas fhasa an tuiteam a sheachnadh an diugh na bha e a riamh, oir tha an òigridh gam fòghlam san sgoil bho aois gu math òg. Chan eil an aon nàire ri ghiùlan agus nach iomadh càraid aig nach eil clann a tha ag iarraidh leanabain uchdmhachdachadh 's nach eil a' faighinn an cothrom. Tha seo na chomharra eile air dìreach cho fada 's tha sinn air gluasad air falbh bho Dhia.

Anns an dealachadh, tha rèis fhathast ri bhuanachadh eadar Hillary Clinton agus Barack Obama, ged a tha beachd gu bheil esan air thoiseach. 'S dòcha gu bheil an t-àm air a thighinn airson duine dubh a chur dhan taigh gheal.

Nach math gu bheil sinn a' teagasg rudeigin math dhan òigridh co-dhiù, gu bheil gach duine ionnan ge bith dè an dath a th'air an craiceann. Cha

tàinig e aon uair a-steach air na deugairean as sine agamsa gun robh dad annasach mu dheidhinn Obama mar cheannard dìreach seach gun robh e dubh, nas motha thàinig e a-steach orra nach bu chòir do bhoireannach faighinn ann. Chì sinn. Tha e inntinneach co-dhiù.

Tha e inntinneach agus iongantach cuideachd ach dè tha fa-near do Wendy Alexander is i ag iarraidh air Alasdair Salmond referendum airson neo-eisimeileachd do dh'Alba a chur air adhart. Tha e follaiseach gu bheil i den bheachd nach iarr sluagh-bhò-taidh Alba leithid seo. Cha bhithinn cho cinnteach. 'S ann a chanainn fhìn gum fàg mi an dùthaich seo aig na tha de shluagh a' tighinn bhon Roinn Eòrpa, 's gun deighinn fhìn gu New Zealand no Canada. Tha mi a' fàs searbh den dùthaich seo le cho daor 's a tha e tighinn beò ann, agus mar a tha sinn gu bhith a dh'athghearr fo smachd nam Muslamach. Faire, faire.

Dràma na Gàidhlig, le Magaidh Nic a' Ghobhainn

Sgoil-shamhraidh Dràma

Bidh cothrom aig òigridh eadar 14 agus 18 tighinn gu Sgoil-shamhraidh dràma airson a' chiad uair.

Feumaidh an òigridh fios a chur gu Oifis Fèisean nan Gàidheal airson àite aig an Sgoil-shamhraidh, a bhios ann an Aros ann am Port Rìgh, eadar 30 Òg Mhios agus 12 Iuchar am-bliadhna.

Tha Theatar Hebrides ag obair còmhla ri Fèisean nan Gàidheal agus thèid dòigh dràma ris an canar 'devised' a chleachdadh. Ged nach eile a' Ghàidhlig aig a h-uile neach-teagaisg, tha iad airson gum bi an cànan an teis mheadhain gach nì a thèid a dhèanamh fad a' chola-deug.

Bidh cothrom ann sgilean ionnsachadh bho luchd oideachaidh ainmeil bho air feadh an t-saoghail, leithid Dennis Cahill bhon chompanaidh Moose Loose ann an Calgary ann an Canada agus Mairead Ros a bhios a' teagasg dòighean air an guth a neartachadh 's a chleachdadh gu cruthachail.

'S e dòighean gluasaid an sgil aig Tim Licata às an Fhraing agus bidh cothrom aig an òigridh sgilean teicneòlais ionnsachadh bho Aly Ros agus Dàibhidh Màrtainn.

Thuir Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal Art Carraig: "Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith an sàs barrachd is barrachd ann an leasachaidhean dràma na Gàidhlig agus tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile airson Sgoil-shamhraidh Dràma a stèidheachadh.

"Tha cruaidh fheum air adhartas ann an saoghal dràma na Gàidhlig aig ire choimhearsnachd agus aig ire phroifeiseanta agus tha e gu math misneachail a bhith a' faicinn an leithid a' tachairt".

Bheir an Sgoil-shamhraidh cothrom do 25 daoine òga eadar a bhith ag ionnsachadh cleasachd agus a' faighinn sgilean teicneòlais. Cuideachd tha àite ann do chòig luchd-teagaisg a tha a' gabhail bhùithtean-obrach dràma mar-thà anns a' choimhearsnachd 's a tha ag iarraidh na sgilean aca a thoirt air adhart.

Cuiribh iarrtas a-steach airson àite gu Fèisean nan Gàidheal air 01463 225559 no post-d gu: drama@feisean.org

Dràma Fad Latha

Chaidh dealbh-chluich a chur ri chèile bho beachd-smuain gu àrd-ùrlar taobh a-staigh deich uairean a thide. Bha an dàrna 'Dràma Fad Latha' air a chumail anns an Lanntair ann an Steòrnabhagh.

Shiubhail òigridh à Uibhist 's à Barraigh a Leòdhas a dheasachadh an t-seanchais len cò-aoisean eadar 12 agus 18.

Air an latha chaidh an sgeulachd a shuidheachadh air rud a chunnacas anns a' phàipear an latha sin fhèin - fear anns an Eilean Sgitheanach ag iarraidh a cheann a chur ann an deigh airson ceud bliadhna. Sin far an do thòisich am fealla-dhà agus buidhnean òigridh a' beachdachadh air suidheachaidhean ag èirigh às an leithid.

Bha còrr is fichead deugair an sàs; bha iad fileanta, cruthachail 's comasach agus chaidh an sgeulachd innse tro ghluasad, dannsa, ceòl, film 's òran.

Thàinig Dràma Fad Latha gu bith tro obair Freumh Chultarail Roinn an Fhoghlaim aig a' Chomhairle. Thuir Erica Mhoireasdan, a chuir am pròiseact air adhart, "Tha sinne airson sgilean cleasachd a thoirt do dh'òigridh na Gàidhlig. Cha robh a' bhuidheann eòlach air a chèile ach dh'obraich iad còmhla 's chaidh leotha gu math. Chòrd an gnothach riutha 's ged a b'e cuspair dorcha, dubhach a bh'ann rinn iad eibhinn e. Chitheadh tu gun robh iad a' cur ris mar a bha an latha a dol air adhart. Bha sinn ann am Beinn a' Bhaoghla air a' mhìos a dh'fhalbh agus tha mi air leth toilichte gu bheil an dòigh obrach seo cho soirbheachail."

A' cumail taic ris na daoine òga bha na cleasaichean Artair Donald à Tìrìodh, Iain Fionnlagh MacLeòid à Nis agus Anna Mhoireach bhon a' Bhac.

An dèidh 'An Ceann Reòithe' chunnaic na bha an làthair air an fheasgar dà dhealb-chluich a sgrìobh Eilidh NicIain. Chan eil Eilidh ach ceithir deug 's tha i a' fuireach ann am Pabail anns a' Rubha. Bha Eilidh air Pàrtaidh Granaidh a chur air an stèids an-uiridh còmhla ri a caraidean à Pabail. Chruthaich Eilidh "Bayble Idol" bho chionn cola-deug 's b' e i fhèin a bha a' stiùireadh an sgioba. Bha e air a dheagh sgrìobhadh agus bha na caractaran eibhinn. Thug an còmhlan ciùil Sunrise not Secular an oidheche gu crìch le òrain Ghàidhlig a sgrìobh iad fhèin.

Thuir Erica Mhoireasdan: "Bidh sinn anns an àm a tha romhainn a' toirt cothroman eile do dheugairean a tha a' sgrìobhadh, ged a b' e òrain no dealbhan-cluiche goirid, an obair aca a chur air beulaibh dhaoine air an àrd-ùrlar".

Maggiesmith@hebrides.net

A' comharrachadh obair-iarainn Steòrnabhaigh

Tha fear de na h-eisimpleirean as fheàrr a tha fhathast ri fhaighinn de dh'obair-iarainn Albannach air a chomharrachadh ann an leabhar ùr a chaidh fhoillseachadh le Alba Eachdraidheil.

Tha "Scotland's Hidden Gem — Architectural Ironwork in Stornoway" a' mineachadh carson a tha obair-iarainn an eilein cho cudromach. 'S e seo a' chiad leabhar aig a' bhuidheann a tha ri fhaighinn ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Thuir Linda Fabiani, ministear a' chultair aig Pàrlamaid na h-Alba: "Chleachd Alba a bhith a' reic an uabhas de dh'obair-iarainn agus tha Steòrnabhagh na eisimpleir fìor-mhath air mar a bha sràidean air feadh na dùthcha mu robh an t-iarann air a thoirt air falbh airson a' chogaidh. Tha e miorbhaileach gu bheil na h-eisimpleirean seo ann fhathast agus gu bheil ùidh aig a' choimhearsnachd anna."

"Tha mi cuideachd toilichte gu bheil an leabhar a tha a' clàradh na h-obair-ciùird seo ri fhaighinn ann an Gàidhlig is Beurla gus an

ruig e air an àireamh as motha de daoine."

An dèidh do thaisbeanadh Obair-iarainn Steòrnabhaigh fhosgladh ann am Museum nan Eilean chaidh an leabhar a chur air bhog ann an co-bhonn ri Urras nan Leabhraichean agus Comhairle nan Eilean Siar.

Thuir John Randall, cathraiche an urrais: "Tha mi uabhasach toilichte gu bheil Alba Eachdraidheil air an leabhar ùr seo ullachadh mu dheidhinn ailtireachd iarainn Steòrnabhaigh. Tha foillseachadh an leabhair a' leantainn air tachartas soirbheachail a chaidh a chumail nuair a thug Ali Davey, aon de na h-ùghdaran, òraid seachad mun chuspair, le dealbhan, aig coineamh Urras nan Leabhraichean.

"Tha an comharrachadh seo de Steòrnabhagh airidh air barrachd meas agus cuidichidh an leabhar ùr seo ann a bhith a' tarraing aire dhaoine gu rud sònraichte ann an dualchas a' bhaile."

Eisimpleir de dh'obair-iarainn a' bhaile



Gàidhlig air ais air-loidhne

Tha aon dhen a' chiad làraichean-lìn "coimhearsnachd" tro mheadhan na Gàidhlig air ais air-loidhne agus e cuideachd ri fhaotainn air Facebook, Bebo, Myspace agus iGoogle!

Tha còrr is deich bliadhna bho thòisich "Gaelic Online" is e a' foillseachadh naidheachdan, tachartasan agus fiosrachadh bho air feadh saoghal na Gàidhlig.

Thuir Rhoda Meek, a thòisich am pròiseact bho thùs aig aois 16, "Chaidh an làrach a dhealbhadh gus a bhith furasta a thuigsinn an dà chuid do luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Beurla.

Tha sinn an dòchas gun innis daoine dhuinn mu thachartasan, mu cheanglaichean agus mu naidheachdan sam bith a tha còir a bhith ann.

"Tha sinn an dòchas gur ann gu Gaelic Online a thig daoine nuair a tha feum aca air fiosrachadh a' buntainn ris a' Ghàidhlig."

Gheibhear an t-seirbheis aig www.gaeliconline.co.uk agus faodar fiosrachadh a chur gu Rhoda air fios@gaeliconline.co.uk.



A bheil siubhse airson sanas a thoirt a-mach a bhiodh gu ùidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba?

Ma tha cur fios gu Marina NicLeòid aig An Gàidheal Ùr air 01851703487 No air post-dealan aig sanas@agu.org.uk. Faodadh siubh cuideachd tadhal air an làrach-lìn againn: www.an-gaidheal-ur.co.uk

Sònraichte

Dà ghoireas ùr snasail do bhàrdachd Ghàidhlig

Thàinig BBC Craoladh nan Gàidheal agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig còmhla ann an Glaschu gus dà ghoireas ùr bàrdachd do àrd-sgoiltean agus luchd-leughaidh eile a chur air bhog.

Bha grunn bhàrd cliùiteach an làthair aig an tachartas a chaidh a chur air chois ann an togalach ùr a' BhBC.

Tha an t-seirbheis eadar-lìon 'Làrach nam Bàrd' le BBC Alba a' toirt dlùth-shealladh air bàrdachd aona bhàrd deug; nam measg tha Somhairle MacGillEain, Ruaraidh MacThòmais, Anna Frater, Meg Bateman agus Dòmhnall Ruadh Chorùna.

Chaidh a thaisbeanadh do na bha an làthair le Una NicDhòmhnaill a mhìnich gu bheil sgoilearan a' faighinn

buannachd às an stòr bhidio agus às na clàraidhean fuaim a tha rim faighinn air. Chualas grunn bhàrd tron làraich air an latha agus bho aona bhàrd a bha aig an tachartas fhèin, Aonghas Dubh MacNeacail.

Tha Aonghas Dubh cuideachd a' nochdadh ann an 'Smeòrach Mì', cruinneachadh ùr de bhàrdachd bhon Stòrlann.

Chuir Aonghas an cuimhne an luchd-èisteachd nach robh ach 'Bàrdachd Ghàidhlig' MhicBhàtair ri fhaotainn nuair a bha e fhèin anns an sgoil agus chuir e fàilte mhòr air an làraich agus an leabhar agus gu sònraichte air na bàird ùra òga a tha a' nochdadh san leabhar leithid Iain S. Mac a' Phearsain à Canada agus Kevin MacNèill à Leòdhais.

Mhìnich Raghnaid Sandilands, neach-deasachaidh 'Smeòrach Mì', gun robh an Stòrlann ag amas air beairteas ghuthan a thaisbeanadh do leughadairean òga agus gun robh i an dòchas gum faigheadh òigridh tlachd às an leabhar.

Dh'innis i don luchd-èisteachd gun robh na sgoilearan aice air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' beachdachadh air na roghainnean aice, ged nach do ghabh i ris a' mholadh aca a thaobh an tiotail — "Mo Chreach 's mo Bhàrdachd".



Dè seo a tha ann an Aonghas Dubh a-rithist...

Raghnaid Sandilands a' toirt mineachadh air "Smeòrach Mì"

Tha am Mòd
a' tighinn dhachaigh

10mh gu 18mh
An Dàmhair 2008

Fàilte bhlàth Ghàidhealach
aig Crìoche Meadhan na h-Alba

An Eaglais Bhreac

Mòd
Nàiseanta
Rìoghail




Ceum air adhart dha Cuach na Cloinne

Thàinig leudachadh air farpais ball-coise na cloinne am-bliadhna, rud a bha a' ciallachadh gun d' fhuair fada a bharrachd sgoiltean cothrom air pàirt a ghabhail innte.

Tha "Cuach na Cloinne" air a bhith air leth soirbheachail le clann ann an sgoiltean Gàidhlig a tighinn còmhla gus ball-coise a chluiche, le aon riaghailt shònraichte — feumaidh iad Gàidhlig

a bhruidhinn fad na h-ùine.

Chaidh farpais na bliadhna an-uiridh, ann an Inbhir Nis, a bhuannachadh le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu le sgiobaidhean a' siubhal bho air feadh na h-Alba gus pàirt a ghabhail.

Ach airson a' chiad uair am-bliadhna chaidh còig cuairtean sgìreil a chumail agus bidh na sgiobaidhean a bha soirbheachail annta sin a' coin-

neachadh ann an Inbhir Pheofharain air an ath-mhìos (13 Ògmhios).

Chaidh na cuairtean sgìreil a chumail ann an Leòdhas, Uibhist, Am Ploc, Inbhir Nis agus anns an Òban agus tha 34 sgoiltean air ùidh na nochdadh ann.

Thuirte Caroline Mhoireasdan, oifigear leasachaidh Comunn na Gàidhlig: "Am-bliadhna rinn sinn co-dhùnadh an

farpais atharrachadh gus cothrom a thoirt do na b' urrainn do sgoiltean agus do sgiobaidhean pàirt a ghabhail agus tha mi a' smaoinichadh gun robh sinn ceart ann a bhith a' cur suas an àireamh de sgoiltean is sgiobaidhean a bhios ann sàs ann. Tha sinn an dùil ri farpais bhrosnachail shoirbheachail eile."

Tha Cuach na Cloinne fagailte do sgoilearan air clas 4 gu 7 sa bhun-sgoil agus tha iad air am brosnachadh gus an cànan a chleachdadh ann an àrainneachd nàdarra is spòrsail.

Tha an farpais air a mhaoinichadh le Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus air a chur air dòigh le CnaG.



Bha là mòr aig a' chlann a ghabh pàirt anns an farpais, le mòran chluiche tarraingeach agus a' Ghàidhlig ri chluinntinn aig gach car. Tha làn dùil gum bi an tachartas air a chumail a-rithist an ath bhliadhna agus gum bi fiù 's barrachd sgiobaidhean a' gabhail pàirt

A' togail glainne do Mhòd na bliadhna

Tha luchd-ullachaidh Mòd na bliadhna sa san Eaglais Bhric air rudeigin a-mach às an àbhaist a chur air dòigh a bhios na tharraing mhòr do luchd na fèise — dà sheòrsa leann ùr a tha air an ainmeachadh às dèidh dhà de na farpaisean mòra.

Chaidh na leanntan sònraichte a ghrùdadh leis a' chompanaidh Tryst Brewery faisg air a' bhaile agus iad air a bhith ag obair orra fad sia mìosan.

Bidh botail de "Falkirk Mod Gold" agus "Traditional 80/-" rim faighinn anns na mìosan ri thighinn agus fad na seachdain aig a' Mhòd fhèin. Chaidh 2,000 botal a dhèanamh uile gu lèir.

Thuirte an comhairliche Aonghas Dòmhnallach, cathraiche comataidh a' Mhòid: "Chan eil teagamh sam bith ann gun còrd na leanntan ri muinntir a' bhaile fhèin agus ri duine sam bith a thig a chèilidh oirnn 's iad air an dèanamh leis an stuth as fheàrr,

fo stiùireadh companaidh ionmholta.

"Bidh iad nan deagh thiodhlacan no mar chuimhneachain air an tachartas as motha san t-saoghal a-thaobh cultar is ceòl na Gàidhlig."

Thuirte stiùiriche a' chompanaidh, Iain Muir: "Chuir sinn na h-aon phrionnsabal an sàs 's a bha ann bho chionn iomadach bliadhna nuair a bha na dròbhairean Gàidhealach a' toirt an cuid stoc gu deas airson a reic — 's e sin deagh mhalairt, càirdeas blàth is leann blasta.

"Tha sinne moiteil gun d'fhuair sinn air pàirt a chluiche ann a bhith cur fàilte air seinneadairean is luchd-ciùil bho air feadh an t-saoghail gu tachartas mòr na bliadhna seo."

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson botal no dhà a cheannach tadhal air www.mod2008falkirk.org.



Bhon làimh chlì chun làimh dheas: Iain Muir, Aonghas Dòmhnallach, Ailean Rankine bhon chomataidh, Seumas Greumach, cò-òrdainiche ionadail a' Mhòid, agus Iain MacGarbha, an fhear a tha os cionn a' chompanaidh grùdaidh

Dè tha dol sa Chèitean
TAISBEANAIDHEAN
Bho Àland dha na h-Innse Gall
Insiders in the Landscape
19 an Cèitean - 29 an t-Ògmhios
 Taisbeanadh le ceathrar luchd-eòlais às na h-eileanan Àland an Camas na Fionnainne. Tha an obair aca stèidhichte air an t-saoghal nàdarra timcheall orra air eilean Koker.

TACHARTASAN BEÒ
Fiddle Rendezvous
 Ceòl 's luchd-ciùil à Alba, Èirinn 's na Scaitean a' tighinn còmhla airson oidhche air leth! Bruce Malsky, Mary Ann Kennedy, Gerry O'Connor, Gile le Bigot agus Mike & Ali Vass. Airson blas fhaighinn theirig gu: www.tuncup.org.uk/tours/fiddle_rendezvous
Dihaoine 23 dhen Chèitean, 8f, tiocaidhean £12 / 10

Tìocaidean & fiosrachadh 01851 703 307
 Ceannaich air loidhne aig: www.lanntair.com
 Sràid Choinnich, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhas HS1 2DS

Saoghal nan Gàidheal 2008

TOGAIBH DEALBH DE 'SAOGHAL NAN GÀIDHEAL' AGUS THA COTHROM AGAIBH SUAS RI £2,000 A CHOSNADH

Tuilleadh eòlas:
www.colmcille.net

Phòs Rena NicDhòmhnaill is Iain Dàibhidh MacAsgail ann an Glaschu bho chionn ghoirid. Buinnidh Rena do Shàtran anns an Eilean Sgitheanach agus tha i ag obair dhan Chomunn Ghàidhealach ann an Inbhir Nis. 'S ann à Àird Àsaig anns na Hearadh a tha Iain Dàibhidh.

Sònraichte

Ciamar as urrainn dha gnìomhachas ar cànan a chuideachadh?

Thug Mata MacIomhair, cathraiche Bòrd na Gàidhlig, òraid seachad do Bhuill na Buidhne Gàidhlig, cruinneachadh de luchd-gnìomhachais a aig a bheil dàimh ris a' chànan, anns an Òban bho chionn ghoirid. Seo na thuirt e...

Tha sinn beò ann an àm eachdraidheil. Na biodh teagamh sam bith agaibh mu dheidhinn sin. 'S e mòmaid eachdraidheil a tha seo airson Gàidhlig ann an Alba. Chaidh Bòrd Nàiseanta a' Chànain, Bòrd na Gàidhlig, le cumhachdan reachdail a stèidheachadh. Tha Plana Nàiseanta air ullachadh, às dèidh pròiseas co-chomhairleachaidh a bha gu math misneachail agus thathas air iarraidh air sia buidhnean poblach, am planaichean cànan a thoirt air adhart. Tha mi a' cur fàilte air a h-uile càil a tha sin agus ghabh mi an t-uallach a bhith nam Chathraiche air Bòrd na Gàidhlig air sgath 's gu bheil mi a' faicinn gu bheil cothrom againn andrasta, nach robh againn a-riamh roimhe, ar cànan a shàbhaladh.

Le bhith a' gabhail a h-uile càil a tha sin a-steach, dè na dùbhlain a tha mise a' faicinn a tha mu choinneamh Bòrd na Gàidhlig? Tha mi dhen bheachd gu bheil trì dùbhlain bhunaiteach ann. Sa chiall àite tha mi a' faicinn an dùbhlain a th' ann ann a bhith a' dealbh Plana Nàiseanta a bhios freagarrach, chan ann a-mhàin dhan choimhearsnachd Ghàidhlig, ach cuideachd dha mòr-shluagh na h-Alba. San dàrna àite, tha mi ag aithneachadh gur e dùbhlain a bhios ann fèin-mhisneachd a thogail às ùr sa choimhearsnachd Ghàidhlig. Agus mu dheireadh, tha mi a' faicinn an dùbhlain ann a bhith a' leasachadh a' chànan tro bhith a' cleachdadh an t-saoghail ùir phoiliteigich.

Tha mise a' meas gur e dleastanas Bòrd na Gàidhlig ùidh ann an cànan agus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh agus airson sin a choileanadh feumaidh e ceanglaichean agus com-pàrteachasan a dhèanamh ris a' mhòr-shluagh agus cuideachd ri buidhnean poblach sònraichte.

Chan eil mi dhen bheachd gur

e dleastanas Bòrd na Gàidhlig rud sam bith a sparradh air duine. Bhiodh sin, tha mi a' smaoinneachadh, na bhuille-bàis dhan chànan. Tha mi airson 's gum bi na buidhnean poblach ag obair còmhla rinn gus ar cànan a leasachadh chun na h-ìre as fhearr as urrainn dhuinn.

Dè an t-àite a th' agaibh-se ann an seo? A bheil companaidh agaibh fhèin aig am bu chòir plana Gàidhlig a bhith? Am bu chòir dhuibh a bhith a' beachdachadh air soidhnichean dà-chànanach airson ur n-àite-obrach? Dè mu dheidhinn làraich-lìn? Foirnichean? Bileagan? Fastadh? Mura h-eil sibh san t-suidheachadh sin nach bu chòir dhuibh tighinn còmhla gus an cànan a leasachadh ann an dòigh air choreigin eile? Seo agaibh dhà no trì eisimpleirean. Anns na beagan mhiosan a tha romhainn, gheibh Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean cead ceuman a bhuilleachadh. An dùil am biodh e comasach do ghnìomhachasan Gàidhlig Cathair a stèidheachadh san Oilthigh ùr? Ann am Foghlam Gnìomhachais? Ann an Sgilean Tionnsgalach? Mura b' urrainn aig an ìre sin, dè mu dheidhinn a stèidheachadh aig ìre Foghlaim Adhartaich? Dè mu dheidhinn cùrsa sgilean ann an Rianachd Ghàidhlig a stèidheachadh aig Sabhal Mòr Ostaig agus Colaiste a' Chaisteil? Tha sinn fìor fheumail air sgilean ùra gus adhartas a dhèanamh ann an saoghal na Gàidhlig. Mura bi e comasach aig an ìre sin, dè mu dheidhinn sponsaireachd a thoirt seachad ann an diofar iomairtean a tha a' dol ann an saoghal na Gàidhlig? Dè mu dheidhinn sponsaireachd a thoirt seachad do phàipear coimhearsnachd air chumha 's gun cuireadh iad leithid seo de dhuilleagan Gàidhlig a-steach dhan phàipear? Dh'fhaodar an aon rud

EE

A bheil companaidh agaibh fhèin aig am bu chòir plana Gàidhlig a bhith? Am bu chòir dhuibh a bhith a' beachdachadh air soidhnichean dà-chànanach airson ur n-àite-obrach? Dè mu dheidhinn làraich-lìn? Foirnichean? Bileagan? Fastadh?

EE

a dhèanamh le Comainn Eachdraidh.

'S e a tha mi a' feuchainn ri ràdh ach gu bheil am Plana Nàiseanta a' suathadh ris a h-uile duine agaibh. 'S e daoine le spionnadh a th' annaibh. Cha bhiodh sibh far a bheil sibh andiugh mura b' e. Seo an t-àm an spionnadh sin a nochdadh a thaobh na Gàidhlig. Ciamar as urrainn dhan Bòrd ur cuideachadh? Thigibh an-àirde le sgeamaichean agus bruidhnidh am Bòrd ribh mu na cothroman maoinneachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann.

Tha mo theachdaireachd-sa a-nochd a-rèist gu math soilleir. Tha a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an suidheachadh cho làidir 's a tha i air a bhith airson ùine mhòr. Ach chan eil i gu bhith làidir mura gabh sinn brath air na cothroman a tha mu ar coimheimh. Bha mise a-riamh dhen bheachd nach eil ann an Achd na Gàidhlig ach toiseach a' phròiseas agus chan e a' chrìoch. Sin dha-rìribh a tha mise a' creidsinn agus sin is coireach gu bheil mi a' coimhead air adhart le misneachd. 'S e saoghal ùr a tha seo dhan Ghàidhlig. Bidh iomadh dùbhlain na chois ach tha mi a' creidsinn gum bi barrachd chothroman ann, aig a' cheann thall. Feumaidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig greimeachadh air na cothroman seo anns a' bhaid.

Air chuairt tro na h-eileanan an iar



Dubh-chàineadh air bòrd slàinte

Chaidh dubh-chàineadh a dhèanamh air seann cheannardan slàinte nan Eilean Siar ann an aithisg oifigeil bho Phàrlamaid na h-Alba.

Rinn buill-pàrlamaid na comataidh rannsachadh air suidheachadh ionmhais Bòrd Slàinte nan Eilean Siar, an dèidh duilgheadasan nochdadh aca bliadhna an dèidh bliadhna.

Anns an rannsachadh, a mhair ceithir mìosan, fhuair iad a-mach gun robh laigsean mòra mu choinneimh stiùireadh na buidhne thairis air iomadh bliadhna, aig ìre àrd-oifigeir agus aig ìre bùird.

Thuirt iad cuideachd nach b' urrainn earbsa sam bith a bhith aca ann an fhianais a chaidh a thoirt seachad leis an t-seann chathraiche, Daibhidh

MacMhuirich, agus an seann àrd-oifigeir Dick Manson. Chaidh iadsan as àicheadh gum faca iad aithisg fon ainm "Cook Report", ged a chaidh a dhearbhadh nas fhaide air adhart gun robh iad dha-rìribh air fhaicinn.

Mhol a' chomataidh gum bu chòir ath-nuadhachadh a thoirt air mar a tha daoine a' faighinn dreuchdan ann an seirbheis na slàinte, gus an suidheachadh a sheachnadh far an robh daoine mar Mgr Manson a' faighinn obair àrd-ìre fiù 's ged a bha eachdraidh phroifeiseanta aca nach robh freagarrach.

Tha cùisean aig a' bhòrd a-nise a' coimhead nas fhèarr ged a tha iad air fiachan luach £3 millean a shealbhadh.

Obraichean a' falbh

Tha còrr air 30 duine dol a chall an obair ann an gnìomhachas a' Chlò Hearaich an dèidh co-dhùnadh bhon fhear a tha a' riaghladh a' chuid mhòr dhen gnìomhachas.

Tha Brian Haggas, aig a bheil smachd air a' chuid mhòr dhen chlà, airson an dàrna leth dhen luchd-obrach sa mhùleann ann an Steòrnabhagh a ghearradh.

Tha Mgr Haggas airson a shlighe fhèin a stiùireadh dhan chlà agus e gu bhith ag amas air dìreach còig diofar pàtranan airson sea-caidean a-mhàin, an àite a bhith a' cleachdadh a' chlà ainmeil airson grunn adhbharan.

Thuirt Iain Alderson, manaidsair a' mhuilinn: "Bha cus luchd-obrachd againn airson an obair. Tha sinn an-dràsta ag ùrachadh ar dòighean-obrachd agus tha e a' dèanamh ciall, a thaobh chosgaisean, an àireamh cheart de luchd-obrachd a bhith againn."

"Tha sinn airson gluasad gu suidheachadh far am bi obair againn fad na bliadhna. Feumaidh tu cuimhneachadh nach robh obair aig na breabadairean, sna bliadhnachan a dh'fhalbh, ach eadar an Dùbhlachd agus an t-Iuchar."

An Comunn Gàidhealach

Àrd-oifigeir

Is e Companaidh Earranta le barantas agus clàraichte mar Charthannais Albannach a tha sa Chomunn Ghàidhealaich. Tha An Comunn stèidhichte gus a bhith a' brosnachadh cànan is cultar nan Gàidheal agus thathas a-nis a' sireadh Àrd-oifigeir dhan bhuidheann. Bidh an tuarastal timcheall air £35,000. Tha Sgeama Peinnsean ann airson luchd-obrach agus bidh càr bhon chompanaidh an cois na dreuchd. Bidh an dreuchd stèidhichte ann an Inbhir Nis agus bidh an tagraiche a shoirbhicheas cunntachail don Cheann-suidhe.

Is e prìomh uallach na dreuchd Am Mòd Nàiseanta Rioghail eagrachadh agus na fichead Mòdan Ionadail a leasachadh, a bharrachd air a bhith a' stèidheachadh siostam conaltraidh cunbhalach leis a' Bharrachd. Feumar daingneachadh cheanglaichean le luchd-urrais gnàthaichte, a' sireadh luchd-urrais ùra agus dòighean maoinneachaidh iomlan bho gach cuid nan Roinnean Poblach is Priobhaideach, cuideachd na phàirt chudromach den dreuchd. Bhiodh eòlas air eagrachadh thachartasan mòra air leth feumail san dreuchd.

Bu chòir gum biodh tagraichean fileanta sa Ghàidhlig ann an labhairt agus ann an sgrìobhadh, agus le eòlas mhath air ionmhas agus rianachd, a' toirt a-steach Teicneòlas Fiosrachaidh.

Bidh luchd-obrach a' Chomuinn cunntachail don Àrd-oifigeir.
Bu chòir tagraidhean a chur ann an sgrìobhadh gu:
An Ceann Suidhe, An Comunn Gàidhealach, 109 Sràid na h-Eaglaise,
Inbhir Nis IV1 1EY ro 16 Cèitean 2008. Àireamh fòn: 01463 231226.



An tairsgeir a' tilleadh

Tha an tairsgeir a' tighinn air ais agus daoine a' dèanamh air a' mhòine ri linn prìs àrd a' chonnadh.

Tha Calum "Steallag" MacLeòid, an aon ghobha traidiseanta a th' air fhàgail ann an Leòdhas, air a bhith air leth trang o chionn ghoirid le daoine ag iarraidh tairsgeirean ùra air.

Thuirt e: "Bidh mi a' faighinn dhà no trì a h-uile bliadhna ach tha fada a bharrachd ann am-bliadhna na b' àbhaist. Tha mi a' creids' gur e prìs na h-ola as coireach ris."

Tha bùth-obrach bheag aig Mgr MacLeòid ann an Steòrnabhagh agus 's e an t-aon ghobha traidiseanta a th' air fhàgail anns an eilean agus e air a bhith ris fad iomadh bliadhna, agus athair roimhe.

"Tha daoine air a bhith a' tighinn thugam bho air feadh an eilein, feadhainn aca ag iarraidh tairsgeir ùr agus feadhainn eile a' tighinn le seann rudan a tha a' tuiteam às a' chèile," thuirt e.

Thairis air na bliadhnachan tha daoine air a bhith a' cur an cùlaibh ri obair na mònach agus a' teasachadh an cuid taighean le ola.

Ach, a rèir choltais, le prìs na h-ola a' sìor èirigh, tha daoine a-nis a' tionndadh air ais gu na seann dòighean.

Prionnsabal nan in-imrich na dhòras fosgailte dha na Gàidheil



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul
Neach-naidheachd Gàidhlig na Bliadhna

isleachadh agus tha iad a' meas gun islich seo an àireamh 5% gach bliadhna, agus anns an dara àite, tha iad a' meas gun àrdaicheadh comas Beurla mar seo torrachas an luchd-obrach a tha a' tighinn a-steach mu 20% gach bliadhna.

Air a chur gu sìmplidh, islichidh an deuchainn ùr Beurla na tha de luchd-imrich a' tighinn a-steach, agus nì e cinnteach gum faighear barrachd luach às an fheadhainn a thig.

Glè mhath.

Ach nach e seo a tha cuid againn — leithid Sir Iain Noble anns an Eilean Sgitheanach, mar eisimpleir — air a bhith ag argamaidicheadh a thaobh na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd o chionn grunn bhliadhnanach?

Nach e seo an aon seòrsa argamaid a chunnaic Sir Iain còir air a chomharachadh mar "racist" o chionn bliadhna no dhà, nuair a mhol e gu làidir gum bu chòir do dhuine sam bith a thigeadh a-steach a dh'fhuireach neo a dh'obair air a' Ghàidhealtachd, cànan na sgìre ionnsachadh?

Ma tha na riaghailtean is na laghan ùr Beurla seo math gu leòr airson Breatainn, tha fhios gu bheil an dearbh phrionnsabal — no na dearbh phrionnsabalan — a cheart cho freagarrach dhan chòrr dhen dùthaich. Tha fhios cuideachd gum bu chòir Cuimris a bhith agad son cosnadh fhaighinn sa Chuimris, mar a bu chòir Gàidhlig a bhith agad son cosnadh fhaighinn air Gàidhealtachd na h-Alba.

'S e an duilgheadas, tuigidh sinn uile, gur e Nàisean-Stàite a th' ann am Breatainn, le cumhachd laghan dhen

t-seòrsa seo a stèidheachadh gu cunbhalach, fhad 's a tha na diofar pàirtean dhen rioghachd air am faicinn dìreach mar sgìrean neo roinnean neo paraistean.

Tha an cumhachd "anns a' mheadhan" (ge brith an e Lunnainn air neo Dùn Èideann a tha sin, 's dòcha nach eil e gu mòran diofar) 's chan ann air na "h-oirean"; tha an sporan sa mheadhan; tha an t-Seirbheis Chatharra sa mheadhan; tha "an àbhaist" sa mheadhan. Mar sin, tha na rudan nach eil anns a' mheadhan — rudan mar a' Ghàidhlig, mar eisimpleir — air am faicinn air an oir, neo-chudromach, air am meas le nas lugha de luach.

Chan ann mar sin a tha mise, no iomadach neach eile ga fhaicinn idir: mar a thuir An Glaic anns an t-seann sgeulachd, "Seo, far a bheil mi nam sheasamh — sin meadhan an t-saoghail!"

Cha ruig sinn a leas a bhith amaid-each is beag is fèin-chùiseach mun seo, oir dh'fhaodadh an cunnart sin a bhith ann ceart gu leòr. Chan eil mi a' moladh an rud ionadail an coimeas ri bhith dùnadh d'heath an rud coimheach. Cha bu chòir dhuinn a bhith a' rannsachadh ar n-imleagan fhèin, 's gun ar sùilean làn-fhosgailte chun an t-saoghail a-muigh. Chan eil sinn ag iarraidh a bhith a' sitrich air ar sitigean fhèin, gun eòlas air neo ùidh sam bith ann an gnothaichean an t-saoghail mhòir.

Chan e aon seach aon a th' ann, ach na dhà. Chan e Uibhist an àite Unst, ach na dhà; chan e Mac Mhaighstir Alasdair seach Uilleam Butler Yeats,



Tha fhios cuideachd gum bu chòir Cuimris a bhith agad son cosnadh fhaighinn sa Chuimris, mar a bu chòir Gàidhlig a bhith agad son cosnadh fhaighinn air Gàidhealtachd na h-Alba.



ach an dithis; chan e dìreach a' Bheurla (no a' Ghàidhlig) ach a' Ghàidhlig (is eile).

Ach seo an rud cudromach: saoilidh mi gu bheil Riaghaltas Westminster air prionnsabal a' stèidheachadh an seo a dh'fhaodadh a bhith air leth cudromach dhuinn mar Ghàidheil. Dh'fhaodamaid seo fhaicinn mar doras a tha a' fosgladh air ar beulaibh, agus ri linn sin bu chòir dhuinn caismeachd troimhe.

Saoilidh mi gu bheil cothrom an seo aig leithid Bòrd na Gàidhlig is eile na riaghailtean ùra a tha an Riaghaltas a' stèidheachadh a chleachdadh mar phàirt de argamaid gu bheil an t-aon rud riatanach air Gàidhealtachd na h-Alba. Tha cothrom againn seo a ràdh gu làidir ris an Riaghaltas: "Ma tha comas-cainnt riatanach airson in-imrich gu saoghal na Beurla, tha a' cheart rud firinneach mu in-imrich gu saoghal na Gàidhlig."

Tha seanfhacal Beurla air choreigin ag ràdh: "What's sauce for the goose is sauce for the gander". Tha an t-àm againn beagan dhen t-sabhs Ghàidhealach sin fhaighinn an seo, mus sluing na geòidh Ghallda air fad e.

Chan eil fhios a'm an tug sibh an aire dhan naidheachd a nochd an t-seachdain sa chaidh gu bheil an Riaghaltas ann an Westminster a' cur riaghailtean ùra an sàs airson in-imrich dhan dùthaich seo.

Mar phàirt bunaiteach dhe na riaghailtean ùra, bidh lagh ann gum feum Beurla a bhith aig gach neach a thig a-steach a dh'obair a Bhreatainn. Aig aon àm bha an Riaghaltas a' coimhead ri riaghailtean a chur an sàs far am feumadh ire GCSE anns a' Bheurla a bhith aig a h-uile neach, ach tha iad air sin isleachadh a-nis gu "comas tuigsinn is labhairt gu ìre chumanta".

Tha dà adhbhar air cùl nan riaghailtean ùra seo, a rèir an Riaghaltais fhèin: anns a' chiad àite, tha iad airson àireamh luchd in-imrich

An t-àrd-ùrlar fosgailte

Smuaintean bodaich air an deuchainn "Gàidhlig aig Àrd-ìre airson Luchd-Ionnsachaidh"

Aig a' cholaiste tha sinn a' fàs nearbhach agus tha trioblaidean againn a thaobh cadail. Tha ar sùilean goirt le uimhir de leughadh agus tha ar cinn goirt le bhith a' feuchainn ri uimhir de bhriathrachas ùr agus de riaghailtean gràmair a dhinneadh a-steach anna. Ach dè an t-adhbhar airson ar n-eagail agus ar n-iomagain? Dè eile ach an deuchainn a tha mar thialar air an aiste seo.

Ach chan e sgoilearan òga a th' annainn no òigridh aig stairsneach ar beatha mar inbhich, fo iomagain gum faodamaid failligeadh agus gum bitheamaid nar cùis-nàire dhuinn fhìn agus do ar pàrantan agus ar càirdean. 'S e oileanaich a tha "air tighinn gu inbhe" a th' annainn, cuid againn air ar n-obair a leigeil dhinn agus, mar sin, tha diofar mòr eadarainn agus sgoilearan àbhaisteach. Fhad 's a tha an deuchainn fìor chudromach dhaibhsan, cha bu chòir dhuinne a bhith a' gabhail cus uallaich a chionn 's nach bi ar beòsh-laint no ar sonas anns an àm ri teachd gu tur a' crochadh oirre; ach is e daoine pròiseil a th' annainn agus tha sinn ag iarraidh a dèanamh cho math 's as urrainn dhuinn gus sinn fhìn a shàsachadh agus, mar thoradh air an uallach seo, chan iongnadh idir ged a bhiodh sinn car iomagaineach mu dheidhinn na tha romhainn.

Ach cuiridh mi geall nach eil ùidh sam bith agad, a leughadair chòir, ann an staid ar slàinte inntinn agus cuiridh mi geall gu bheil thu air bhioran a' feitheamh ri na th' agam ri ràdh a thaobh na deuchainn seo. Uill, seo an gearan as motha a th' agam — gu bheil i air a dealbhadh airson òigridh seach airson daoine a tha air an sgoil fhàgail. Tha mi cinnteach gu

bheil cuid mhòr den fheadhainn a tha a' dèanamh na deuchainn tòrr nas sine na balaich no nigheanan aig an sgoil agus bu chòir dhaibh cuimhneachadh air sin nuair a thèid an deuchainn a dhealbhadh.

Tha mi gu h-àraidh mì-thoilichte mu nan cuspairean a chaidh a thaghadh airson nan aistidhean, "Biadh agus Slàinte", "Obair" agus "Saor-làithean". A thaobh "Biadh agus Slàinte" nach biodh e na bu chiallaiche agus nas fhreagarraiche "Biadh agus Tìneasan" a chur na àite seach gu bheil eòlas pearsanta againn air droch shlàinte agus cha bhiodh duilgheadas againn tuairisgeul a thoirt air tòrr thinneasan inntinneach a dh'fhaodadh an luchd-ceasnachaidh a thoirt dhuinn. Tha "Obair" na adhbhar dragha dhomh cuideachd; tha mòran againn air ar dreuchdan a leigeil dhinn o chionn fhada agus chan eil cuimhne againn tuilleadh air dè th' ann an obair. Tha sinn air fàs cleachdte ri bhith a' gabhail fois agus a' leantainn nan cur-seachadan againn; chan eil sinn ann an suidheachadh far an urrainn dhuinn rudeigin a sgrìobhadh air bun-bheachd cho coimheach ri obair. Feumaidh mi aideachadh nach eil duilgheadasan agam mu dheidhinn a' chuspair "Saor-làithean" ri linn 's gu bheil sinn, ann an dòigh, air saor-làithean fad na h-ùine. Le cead saor 's an asgaidh airson nam busaichean (agus peinneanan fialaidh bhon riaghaltas) faodaidh sinn siubhal thall 's a-bhos ann an Alba gun dragh oirnn mu airgead.

Dè na cuspairean a mholainn, ma-tà? Uill, dè mu dheidhinn "Sochairean sòisealta do dhaoine a tha suas ann am bliadhnaichean" no "Cunnartan airson seann

daoine gan giùlan fhèin gu mì-shòisealta thall thairis" no "Dòighean soirbheachail gus greann a chur air òigridh"? Gun teagamh bhiodh mac-meanmna cruthachail feumail do luchd nan deuchainnean airson cuspairean iomchaidh a chur air adhart.

O, mus diochuimhnich mi. Chan eil mi glè mheasail nas motha air na cuspairean a nochdas anns na piosan leughaidh anns an deuchainn fhèin. Ciamar as urrainn do dhaoine aosta coimeas a dhèanamh eadar còmh-lain-chiùil pop X agus Y nuair nach eil fhios againn cò iad? 'S ann tric a th' againn ri eachdraidh-beatha rionnag air choreigin a leughadh 's gun sinn idir eòlach orra. Nach biamaid tòrr nas eòlaiche air daoine iomraiteach às na seasgadan agus na seachdadan na air luchd-ciùil an latha an diugh?

Tha mi ag aontachadh leis a' chruth anns a' chòrr den chùrsa, ge-tà. Is toil leam na sia measaidhean a dh'fheumar coileanadh rè na bliadhna acadaimigich; tha mi a' faireachdainn gur e measaidhean cothromach a th'ann agus iad a' feuchainn ri fhaighinn amach a bheil na sgilean cànan iomchaidh againn ann an labhairt, sgrìobhadh, èisteachd agus leughadh. A thuilleadh air sin tha mi den bheachd gun robh am pròiseact a chaidh a thoirt dhuinn aig tòiseach na bliadhna gu math feumail dhuinn air sgàth 's gun do bhrosnaich e sinn gus rannsachadh a dhèanamh air cuspairean ann an robh ùidh againn. Ma dh'fhaoidte gum bi sinn ag ionnsachadh Gàidhlig aig ìre nas àirde anns an àm ri teachd agus bhiodh e na bhuanachadh dhuinn nam biodh comasan rannsachaidh

againn. Thagh mi fhìn craobh-sgaoileadh Gàidhlig mar chuspair a chionn 's gur e àm inntinneach a tha seo air a shon agus sianal ùr didseatach Gàidhlig air fàire.

Ach air ais chun an tràchdais agam. Ged a tha ar fradharc lag, ged a tha sinn a' fulang le na goirteasan agus na piantan a thig an cois na h-aoise agus ged a tha ar n-altan a' dìosgail nuair a tha sinn a' gluasad, tha dòchas againn gun toirear urram dhuinn leis an fheadhainn aig a bheil an dleastanas airson am pàipear-deuchainn a chur ri chèile. Tha sinn ag iarraidh orra dlùth aire a thoirt air ùidhean agus dòigh-beatha nan oileanach a tha nas sine agus cuspairean a chur a-steach don phàipear a bhios a' ghabhail suim dhaibh.

Agus fhad 's a tha mi a' gabhail gnothaich ri teisteanasan, am faod mi faighneachd dhe na h-ùghdaran a tha an urra ri foghlam airson luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig carson nach eil siostam dheuchainnean air a chur air bhonn gus comasan nan oileanach a mheasadh aig ìrean diofraichte; bhiodh an leithid a shiostam na bhrosnachadh mòr don fheadhainn a tha a' togail a' chànain taobh a-muigh cholaistean, oilthighean agus sgoiltean agus na shlat-tomhais air dè cho fada 's a tha aca ri dhol.

Raibeart Hardie

Litrichean gu:

Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 703487
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk



An t-àrd-ùrlar fosgailte

Tha An Gàidheal Ùr airson cothrom a thoirt do dhaoine aistidhean a sgrìobhadh mu chuspair a tha iad fhèin a' taghadh. Bu chòir an aiste a bhith mu 800 facal suas gu 1,200 agus thèid £50 a thoirt seachad dha gin sam bith

a thèid a chlà-bhualadh. Bhiodh sinn cuideachd deònach dealbhan freagarrach a ghabhail. Feumar tuigsinn, ge-tà, gu bheil an co-dhùnadh mu dheireadh air co-dhiù an tèid aiste a chleachdadh gus nach tèid ann an làmhan fear-deasachaidh a' Ghàidheil Ùr. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu murray@an-gaidheal-ur.co.uk, no fòn 01851706877.

